




Falconer Museum
Tolbooth Street
Forres, Moray
Tel: 01309 673701 Fax: 01309 675863
e-mail: museums@moray.gov.uk
web: www.moray.org/museums/



Failte gu Tigh Tasgaidh Falconer. Tha sinn an dòchas gu'n cord e ruibh tadhla. Ma tha fiosrachadh a dhith oirbh fhad's a tha sibh a stigh, buailaibh am putan a tha air a bhord failteachaidh.

Chuireadh an Tigh Tasgaidh air bhonn anns a' bhliadhna 1871 agus chaidh ainmeachadh as déidh dithis bhràithrean a bhuineadh do'n sgìre, Alasdair agus Uisdean Falconer. Bha Alasdair, a rugadh an 1797, 'na mharsanta ann an Calcutta, agus an uair a chaochail e ann an 1856 dh'fhang e mìle not airson Tigh Tasgaigh pobulach a chuir air bhonn ann am Forrais far am biodh obair Ealain agus obair Science air fhaillseachadh. Rugadh Uisdean anns a'bhliadhna 1808. Bha esan na Èòlaiche Gne na Cruinne agus na Lusragan cho ainmeil 's a bha ann na latha fhein. Bha e na dheagh charaid do'n èòlaiche ainmeil sin, Darwin, agus tha sgoilurean ag aontachadh gu robh buaidh mhor aig an obair aig Uisdean Falconer air na beachdan aig Darwin mu Teachd a'filleadh.

Chosg an Tigh Tasgaidh a chuir air bhoin gu l'éir coig ceud tri fichead agus a ceithir mìle not (£1564). Chosg seo ant-airgiod a dh'fhàg na bràithrean Falconer agus thanaig air Urras Falconer prìs a leigeil air luchd tadhail an Tigh Tasgaidh. Bha e ag cosg sia sgillinn san t-seann airgiod, ach bha daoine nach robh cho math dheth a'faighinn a steach airson tri sgillinn.

Air balla muigh an togalaich tha aireamh de chinn air an dealbh anns a'chloich. Tha na cinn a riochdachadh daoine a bha ainmeil na latha fhéin ann an cuspairean Science.

Leithid Uisdean Falconer (Eòlaiche Gne na Cruinne agus Lusragan), Seoras Couvier (Eolaiche Naduir Frangach), Sir Isaac Newton (Feallsanach agus Eolaiche Mathematics), Uisdean Mac a'Mhuileir (Eolaiche Gne na Cruinne), as Cromba, Sir Walter Scott (Sgriobhaiche agus Bard Beurla), Sir David Brewster (Feallsanach agus Fear Science), Edmund Forbes (Profeasair Eachdraidh Naduir), Dotair Iain MacChaluim (Eòlaiche Gne Cruinne), Seamas Watt (a dhealbh a cheud einsean smùidhe).

Ann an 1975 ghabh Comhairle Ionadail Mhoireabh thairis obair rianachd an Tigh Tasgaidh bho Urras Falconer. Ann an 1992 chaidh Urras Falconer a bith, agus tha nise Ian ughdarris aig Comhairle Mhoireabh thairis air an togalach agus gach nì anns an tigh Tasgaidh

Tha iomadh ni annasach agus inntinneach anns an Tigh Tasgaidh an ceanghal ri eachdraidh agus beatha Baile Forrais agus an sgìre mu'n cuairt.

Am measg gach ni eile anns an togalach tha bocsa grinn làn de nithean tha a comharrachadh coig ceud bliadhna de eachdraidh Forrais. Chureadh am bocsa seo cruinn air an deichead latha fichead de'n Dubhlachd 1996. Tha am bocsa a mach a sealladh, ach tha clàr air a'bhalla ag innse de tha anns a bhocsa seo.

An darna latha fichead de'n Mhart 1995, chuireadh buidheann air bhonn fo'n ainm "Cairdean Tigh Tasgaidh Falconer" fo stuireadh A.A. Kean, fear-lagha anns a Bhaile. Tha fiosrachadh anns an Tigh ag innse mu obair na buidhne seo.

Tha leabrainchean, càirtean-posta, agus rudan beag eile 'gan reic anns an Tigh Tasgaidh.

Tha leabhar ann far am faod sibh bhur beachd air an Tigh Tasgaidh a sgriobhadh.

Tapadh leibh airson tadhail.



Produced by The Friends of The Falconer Museum.
Scottish Charity No. SC023649
For more information on the Friends please contact their Secretary:-
Mrs Rosie Bridgeford, 8 Woodside Park, Forres.
E-mail:- bridgeford@forres-net.co.uk